


COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 14 DÙBHLACHD 2016

An làthair:	Colin Kennedy	Neach-gairm
	IG Macdonald	Iar Neach-gairm
	David Campbell	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Murdo MacLennan	Coimiseanair
	Kathleen Sinclair	Coimiseanair
	Bill Barron	Àrd-Oifigear
	Joseph Kerr	Ceannard Riaghlaidh
	John Toal	Ceannard Poileasaidh
	David Findlay	Neach-lagha a' Choimisein
	Posy MacRae	Manaidsear Chonaltraidhean
	Trudi Sharp	Riaghaltas na h-Alba
		BBC Alba
		BBC Alba

Aon bhall den phoball

Chuir an Neach-gairm fàilte air gach neach chun na coinneimh.

Mhol an Neach-gairm Nì 3 agus Nì 4 a ghluasad gu Toirmeasg nam Meadhanan agus am Pòball. Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein carson a bha iad rin gluasad gun earrann phrìobhaideach den choinneamh nuair a tha aca ri geàrr-chunntas coinneimh phoblach a dheasbad. Dh'innis an Neach-gairm do Choimiseanair MacIllinnein gun robh seo mar thoradh air comhairle laghail ga dheasbad mar phàirt den Nì.

Dh'ainmich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e fo Ghnàth-riaghailtean Earrann 12(1) airson èisteachd chothromach fhaighinn mu àireamh de nithean a bu thoil leis a thogail co-cheangailte ris a' Choinneamh Shònraichte a chaidh a chumail air 9 Dùbhlachd 2016. Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein carson a bha Coinneamh Shònraichte air a cumail dà latha obrach ro Choinneamh Bùird agus na cosgaisean an lùib a leithid sin de choinneamh a chumail. Dh'fhaighnich e cuideachd carson nach deach an litir a chuir e gun Neach-gairm agus an Àrd-Oifigear ag innse an adhbhair nach biodh e an làthair, a leughadh a-mach sa phàirt phoblach den choinneamh mar a chaidh iarraidh. Leugh an Coimiseanair MacIllinnein a-mach an litir.

Thuirt an Neach-gairm nach robh fios ceart air fhaighinn agus mar sin cha do ghabh e ris mar Nì air an latha.

Ghluais an Coimiseanair MacIllinnein chun na ceist a thaobh cò a chuir air dòigh a' chomhairle laghail mu inbhe na Coinneimh Shònraichte a chaidh a chumail ann am Brùra air 28 Sultain 2016. Dhaingnich Neach-lagha a' Choimisein gum b' e an t-Àrd-Oifigear a cheadaich a' chomhairle an dèidh aonta a shireadh bho na Coimiseanairean air post-d. Thuirt an t-Àrd-Oifigear gun robh Neach-lagha a' Choimisein ag obair

còmhla ris an Àrd-Oifigear airson na ceistean a chumadh a thaobh dè an seòrsa comhairle laghail a chaidh a shireadh.

Dh'fhaighnich an Coimiseanair MacIllinnein don Neach-gairm an robh bagairt ann a thaobh gnìomh laghail an aghaidh a' Bhùird, Coimiseanairean fa leth agus Rùnaire a' Chaibineit. Thuirt an Coimiseanair Ceanadach nach robh bagairt laghail sam bith ann aig an àm seo. Dh'innis an Neach-gairm nach bu chòir iomnaidh sam bith a bhith ann cho fada 's a dh'fhuiricheas iad taobh a-staigh a' chòd giùlain a tha aontaichte.

Dh'innis an Coimiseanair Caimbeul gun robh e air post-d a chur gun Neach-gairm trì tursan ag iarraidh dà Nì a chur ris a' chlàr-obrach airson Coinneamh Bùird an latha an-diugh agus dh'fhaighnich e carson nach robh na Nithean sin air a' chlàr-obrach. Bha na Nithean co-cheangailte ri buill den Bhòrd a' deasbad chùisean sna meadhanan, a' briseadh pròtacal nam meadhanan agus suidheachadh a' Bhùird a thaobh Coimiseanair a bhith ag ainmeachadh gu poblach an dùil seasamh airson ath-thaghadh ann an Taghaidhean Croitearachd 2017.

Dhaingnich an Neach-gairm gun robh an t-iarrtas air a dheasbad an latha roimhe sin leis an Àrd-Oifigear. Thuirt an t-Àrd-Oifigear gun robh cuid de na cùisean air an deasbad aig a' Choinneamh Shònraichte air 9 Dùbhlachd mar phàirt den deasbad mu thimcheall nan duilgheadasan taobh a-staigh a' Bhùird, ach gu mì-fhortanach cha deach a thoirt thairis gu clàr-obrach na Coinneimh Bùird. Thuirt an Neach-gairm gur ann le toil an Neach-gairm a thèid cùisean air a' chlàr-obrach.

Dh'iarr an Coimiseanair Caimbeul air an Neach-gairm a' bhagairt a thaobh gnìomh laghail a shoilleireachadh a' leantainn air beachdan a chaidh a thoirt do na meadhanan. Thuirt an t-Àrd-oifigear gun robh e air iarraidh air an Neach-gairm daingneachadh nach robh bagairtean laghail sam bith an aghaidh a' Choimisein agus Coimiseanairean agus nach biodh nas mò. Ach, cha robh an Neach-gairm air a bhith deònach seo a dhaingneachadh agus mar sin cha b' urrainn don Àrd-Oifigear barantas sam bith a thoirt seachad do Choimiseanairean.

Mhol an Coimiseanair MacIllinnein fuireach ri toradh an ath-sgrùdaidh riaghlaidh làithreach air a' Choimisean mus deigheadh tuilleadh choinneamhan Bùird a chumail. Dh'fhaighnich an Coimiseanair Dennis cuin a bhiodh toradh an ath-sgrùdaidh ri fhaotainn. Thuirt an t-Iar-Stiùiriche Trudi Sharp gur e aithisg gu Riaghaltas na h-Alba a th' ann agus tha coinneamh neo-fhoirmeil gu bhith aca leis an sgioba ath-sgrùdaidh san t-seachdain a' tòiseachadh 19 Dùbhlachd 2016.

Thuirt an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich gu bheil dleastanas air a' Bhòrd do chroitèaran gluasad air adhart le gnothachas làitheil.

Nochd an Coimiseanair MacIllinnein dragh mun phròiseas san d' fhuairleadh comhairle laghail a thaobh inbhe na coinneimh ann am Brùra. Bha e a' faireachdainn seach gun robh aon Choimiseanair a' dùbhlachadh suidheachadh a' Choimisein a thaobh dligheachd na coinneimh sin, gun robh e neo-riaghailteach don dearbh Choimiseanair sin a bhith an sàs ann an comhairleachadh air na ceistean mun robh comhairle laghail air a shireadh. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh an co-dhùnadh mu dheireadh air cumadh nan ceistean sin air a ghabhail leis fhèin còmhla ri Neach-lagha a' Choimisein, an dèidh beachdachadh air na puingeann uile a thog na Coimiseanairean.

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuairleadh leisgeulan bho Donna Nic a' Ghobhainn, Iar CEO agus Sìne NicThòmais, Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-ceannach.

1.1 AITHRIS BHON CEO

Leugh an t-Àrd-Oifigear a-mach an aithris a leanas:

“Tha sinn air leisgeulan às-làthaireachd a chluinntinn bho Donna Nic a’ Ghobhainn, m’ Iar Àrd-Oifigear, agus Sine NicThòmais ar Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-ceannach. Tha iad air iarraidh orm mìneachadh carson nach eil iad an làthair. Tha seo mu dheidhinn Cothromachd san Àite-obrach agus tha mi fhìn agus mo cho-oibrichean SMT a’ cur taic riutha leis an seo. Airson grunn mhìosan, tha iad air a bhith a’ faireachdainn gu bheil gnothaich àbhaisteach a’ Choimisein air a bhith air a lagachadh mar thoradh air fàillingeadh ann an cumail ris na co-dhùnaidhean a chaidh a ruighinn, agus bha amannan ann nuair a chaidh coire a chuir gu mì-chothromach air luchd-obrach, aig nach eil a’ chòir freagairt. Tha seo air a thighinn gu ceann ann am post-d a fhuair sinn an-dè a tha a’ comhairleachadh gu bheil dùil aig Mgr Ceanadach na co-dhùnaidhean a dhùbhlachadh, a ràinig am Bòrd aig a’ Choinneamh Shònraichte Dihaoine.

San dàrna h-àite, tha mi airson a dhol thairis air na co-dhùnaidhean a ràinig sinn aig ar Coinneamh Shònraichte Dihaoine. Bha a’ mhòr-chuid dheth ann am brath naidheachd a chuir sinn a-mach a’ leantainn air a’ choinneamh sin:

Rinn am Bòrd deasbad cuideachd air inbhe na coinneimh a chaidh a chumail ann am Brùra san t-Sultain agus mar a ghluaisear air adhart. Cho-dhùin am Bòrd gun robh aon choinneamh ann am Brùra a ghabh àite ann an dà phàirt dhligeach, a’ choinneamh a bha na Coinneamh Shònraichte na pàirt den choinneamh Bùird àbhaisteach. Bidh builean sam bith bhon seo air am beachdachadh aig a’ choinneamh Bùird aca air Diciadain 14 Dùbhlachd 2016.

Rinn sinn deasbad cuideachd air dà nì a bharrachd air am faod sibh togail an-diugh. B’ e aon den sin a’ cheist a thaobh am faod am Bòrd ath-thadhal air a cho-dhùnaidhean fhèin. Airson co-dhùnadh riaghlaidh, aon uair ’s gu bheil e air fhiosrachadh don tagraiche nach gabh sin a dhèanamh gu h-àbhaisteach – bidh càch air gnìomhachadh air na co-dhùnaidhean againn agus air gluasad air adhart. Ach, airson co-dhùnaidhean riaghlaidh nach eil fhathast air am fiosrachadh, agus seòrsaichean de cho-dhùnaidhean eile mu leithid phoileasaidhean is mhodhan-obrach, tha am Bòrd saor ath-thadhal air na co-dhùnaidhean aige aig àm sam bith a thogras e. Tha mi an dòchas nach bi sin riatanach ro thrìc, ach tha e cudromach gum bi fios agaibh gu bheil an sùbailteachd sin agaibh.

B’ e an nì eile air an do rinn sinn deasbad Dihaoine, an dòigh san robh an Nì mu Gnothaich sam bith Eile air a ghairm ann am Brùra, agus tha teagamh ann gun deach sin a dhèanamh gu coileanta. Faodaidh sinn deasbad air an sin nuair a choimheadas sinn ri Geàrr-chunntas na coinneimh ann am Brùra, ach is e am moladh gun clàr sinn sa Gheàrr-chunntas gur dòcha nach deach an nì gnothachais seo a ghairm gu coileanta.

Mu dheireadh, an uarrainn dhomh a thoirt fa-near gun tuir an aithris mheadhanan againn Dihaoine, na leanas:

“Dh’ath-dhaingnich na Coimiseanairean a bha an làthair cho cudromach ’s a tha e a bhith ag obair còmhla gu h-èifeachdach sna mìosan mu dheireadh de na teirmean aca.”

Air mo shon fhìn, nì mi fhìn agus mo cho-oibrichean ar dìcheall gus a’ chomhairle as fheàrr a ghabhas a thoirt dhuibh mu na nithean uile air am feum sibh beachdachadh.

Dhuibhse mar Choimiseanairean, tha mi a' smaoinichadh gur e cnag na cùise seo na thachras eadar coinneamhan, agus gu h-àraid ma bhios easaonta taobh a-staigh a' Bhùird. Feumaidh sibh a bhith comasach air co-dhùnaidhean a ghabhail agus gnìomhachadh orra mar Bhòrd. Ma bhios Coimiseanair no dhà nach eil ag aontachadh le co-dhùnadh, faodaidh iad an easaonta a chur an cèill ann an dòigh shocair, agus gabhaidh e a chlàradh sa gheàrr-chunntas; a rèir dè a' chùis a th' ann, dh'fhaodadh gur e nì a th' ann air an gabh ath-thadhal; ach san eadar-ama feumaidh iad suidheachadh a' Bhùird a chumail suas, gun a lagachadh.

Is e prìomh dhòigh eile air obrachadh còmhla a bhith a' sealltainn spèis do chàch a chèile, do luchd-obrach agus do chroitèaran, coimhearsnachdan croitearachd agus luchd-ùidhe. Tha aig a' Bhòrd seo ri sabaid le cùisean duilich glè thrì agus tha mi a' tuigsinn gum faod faireachdainnean a bhith làidir, ach bidh e na chuideachadh mas urrainn dhuinn cuimseachadh cho math 's a ghabhas air na cùisean seach na pearsantachdan."

Thuir an Coimiseanair Caimbeul gu bheil e anabarrach draghail dha gu bheil dà bhall den luchd-obrach nach eil a' faireachdainn comasach air a bhith an làthair aig a' choinneamh agus eu-comasach air obair leis a' Bhòrd ann am fòram phoblach.

Nochd an Coimiseanair MacIllinnein dragh nach robh comhairliche riaghlaidh an làthair aig a' choinneamh agus na h-adhbharan gu bheil luchd-obrach a' faireachdainn nach eil e comasach dhaibh a thighinn gun choinneamh Bùird.

Thuir an Neach-gairm nach eil an Geàrr-chunntas bho choinneamhan Bùird gan cur an gnìomh gu cunbhalach, agus gur dòcha gu bheil seo aig cridhe na cùise. Thuir an Coimiseanair Caimbeul nach deach aire a tharraing gun chùis seo agus dh'fhaighnich e carson a thug e gun seo gun a' chùis a thogail. Dhaingnich an t-lar Neach-gairm gun deach cuid de na cùisean a dheasbad aig a' Choinneamh Shònraichte.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich an Neach-gairm com-pàirt ann am Fearann Ionaidraidh Bàrr a' Choille.

Dh'fhoillsich an t-lar Neach-gairm com-pàirt ann am Fearann Ionaidraidh Mhangarstaidh.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair MacIllinnein com-pàirt ann am Fearann Ionaidraidh Mhangarstaidh.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair Dennis com-pàirt ann am Fearann Ionaidraidh Bhoth Fhionndain.

3 AONTA DO DHREACH GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' BHÙIRD AIR 28 SULTAIN 2016

Ri dheasbad fo Toirmeasg Mheadhanan 's am Poball.

Chuir an Coimiseanair MacIllinnein an aghaidh gluasad air Nì 3, ath-sgrùdadh air Geàrr-chunntasan poblach a' Bhùird, gu Toirmeasg Mheadhanan 's am Poball.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Ri dheasbad fo Toirmeasg Mheadhanan 's am Poball.

5 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

(a) Cricochan ann an Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

Dh'fhiosraich an Ceannard Riaghlaidh do Choimiseanairean gun robh am pàipear a thaobh crìochan airson Roinneadh agus Di-chroiteadh Pàirt-croit air a chur air post-d agus air a thighinn gun Bhòrd a-nis airson aonta.

Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' Phàipear.
-------------------	--

6 ÙR-FHIOSRACHADH BHUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL

Thuirt an t-lar Neach-gairm gun robh dà choinneamh air a bhith ann den bhuidheann luchd-ùidhe ionaltraidh a tha a' coimhead ri riaghailtean ionaltraidh.

Dh'fhiosraich an Ceannard Riaghlaidh don Bhòrd gu bheil STWG fhathast a' coimhead ri tagraidhean earrann 50B DDM leis an ath choinneamh a' gabhail àite san Fhaoilleach 2017. Bidh ath-sgrùdadh ann cuideachd air an fhuincsean di-chroitidh sa Bhliadhna Ùr.

7 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN AIR AM PLANADH AGUS/NO AIR AM FRITHEALADH

Fhrithheil an t-lar **Neach-gairm MacDhòmhnail** trì de na Mòr-thaisbeanaidhean Croitearachd sa Chonghaile, Geàrrloch agus Sgeubost, agus coinneamha bh' aig a' Choimisean le Skye Solicitors.

Fhrithheil an **Coimiseanair MacIllinnein** coinneamh a' Bhuidheann Thar-phàrtaidh, Mòr-thaisbeanaidhean Croitearachd ann an Steòrnabhagh agus Beinn na Fadhlà agus dà choinneamh le luchd-earrannan Chuil Uraich.

Fhrithheil an **Coimiseanair Pirie** na Mòr-thaisbeanaidhean Croitearachd ann an Ciorcabhal agus Inbhir Theòrsa.

Cha robh an **Coimiseanair Dennis** comasach air Mòr-thaisbeanadh Croitearachd Bhail' Ùr an t-Slèibh a fhrithealadh mar thoradh air droch shìde.

Fhrithheil an **Coimiseanair Nic na Ceàrdaich** am Mòr-thaisbeanadh Croitearachd ann an Lèiriug.

Fhrithheil an **Coimiseanair Caimbeul** na Mòr-thaisbeanaidhean Croitearachd ann an Drochaid a' Bhanna agus Inbhir Theòrsa, Caidreachas na Gàidhealtachd 's nan Eilean, a' choinneamh Thar-Phàrtaidh agus dà choinneamh ionaltraidh leis an t-lar-Neach-gairm. Cuideachd tele-co-labhairt leis a' Chomataidh Barantas is Càileachd, a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, seisean trànaidh sheirbheisean laghail ann an Glaschu agus coinneamhan leantainneach le Stèidheachd Asainte.

Bha deasbad ann mun dith conaltraidh le Measadairean agus leasachadh na dreuchd.

Fhrithheil an **Neach-gairm Ceanadach** a' choinneamh Buidheann Thar-Phàrtaidh agus coinneamh Comataidh Barantas is Càileachd.

8 POILEASaidH CO-IONANNACHD IS IOMADACHD

Chuir an t-Àrd-Oifigear am Pàipear air adhart. Dh'aontaich na Coimiseanairean ris a' phàipear agus dh'aontaich iad a mholadh don Bhòrd ùr.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean ris a' phàipear agus dh'aontaich iad a mholadh don Bhòrd ùr.
-------------------	--

9 DREACH PLANA CORPORRA

Chuir an t-Àrd-Oifigear am pàipear air adhart agus mhìnich e gu bheil an t-lar CEO a' conaltradh le àireamh de luchd-ùidhe. Is e ciad dreach a th' ann agus bidh tuilleadh ath-sgrùdaidh air ach bhathar a' coimhead airson beachdan bhon Bhòrd aig an ìre seo. Tha am plana ri chrìochnachadh mus tig am Bòrd ùr agus ga chur an gnìomh sa Ghiblean 2017.

Dh'iarr an Coimiseanair Caimbeul gun toir duilleag 37 iomradh air soilleireachd. Transparency.

Thig dreach ùraichte gu coinneamh a' Bhùird sa Ghearran. Chuir am Bòrd aonta ris a' phàipear.

Co-dhùnadh	Chuir an Coimisean aonta ris a' phàipear le dreach ùraichte gu bhith air a' chlàr-obrach airson coinneamh a' Bhùird sa Ghearran 2017. Iomradh air soilleireachd ri dhol air duilleag 37.
-------------------	---

10 AITHISG A' CHOMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bho Bhall den Chomataidh

Thug an Coimiseanair MacIllinnein fiosrachadh às ùr seachad do Choimiseanairean mu obair a' Chomataidh agus chaidh e tron Chlàr Chunnartan.

(b) Aonta do Dhreach Geàrr-chunntas bho 19 Dàmhair 2016

Thug am Bòrd fa-near an dreach geàrr-chunntas.

(b) An Clàr Chunnartan

Dh'iarr an t-lar Neach-gairm MacDhòmhnail gum biodh Ni 150 'Smachdan nan Àite' air atharrachadh bho 'Bòrd ùr ri trèanadh sna meadhanan fhaighinn' gu 'Bòrd ùr a' faotainn tuilleadh trèanaidh'.

Thog an Coimiseanair MacIllinnein gun robh an Coimisean air aontachadh coimhead ri pàipear 'di-mheadhanachaidh' don Choimisean le bhith a' cur luchd-obrach taobh a-muigh Inbhir Nis agus chaidh pàipear a dheasbad aig coinneamh an AFC. Dh'iarr an Coimiseanair MacIllinnein gun tig am pàipear gun ath choinneamh Bùird.

Dh'iarr an t-lar Neach-gairm MacDhòmhnail gun tèid an sgrìobhainn Frèam a thoirt gu aire a' Bhùird ùir.

(d) Prìomh Chomharran Coileanaidh

Chaidh an Coimiseanair MacIllinnein tro na Prìomh Chomharran Coileanaidh.

(e) Aonta do Phoileasaidhean a' Choimisein

Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ag ath-sgrùdadh poileasaidhean a' Choimisein air bunait bhliadhnail mar phàirt den Phlana Obrach aontaichte. Rinn am Bòrd ath-sgrùdadh air agus dh'aontaich iad na poileasaidhean ùraichte a leanas:

- Sgeama Bùird de Thiomnadh Ionmhasail
- Gnàth-Stiùiridhean Ionmhasail a' Choimisein
- Gnàth-riaghailtean na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais
- Poileasaidh Innse Poblach a' Choimisein

Co-dhùnadh	<p>Faclan nì 150 'Smachdan nan Àite' air a' Chlàr Chunnairt rin atharrachadh bho 'Bòrd ùr ri trèanadh sna meadhanan fhaighinn' gu 'Bòrd ùr a' faotainn tuilleadh trèanaidh'.</p> <p>Thug am Bòrd fa-near an dreach Geàrr-chunntas bho 19 Dàmhair 2016.</p> <p>Pàipear 'di-mheadhanachaidh' a' coimhead ri suidheachadh luchd-obrach a' Choimisein taobh a-muigh Inbhir Nis ri chur sìos aig an ath choinneamh Bùird.</p> <p>Dh'iarr an t-lar Neach-gairm MacDhòmhnaill gun tèid an sgrìobhainn Frèam a thoirt gu aire a' Bhùird ùir.</p> <p>Chuir am Bòrd aonta ri poileasaidhean a' Choimisein mar a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Sgeama Bùird de Thiomnadh Ionmhasail • Gnàth-stiùiridhean Ionmhasail a' Choimisein • Gnàth-riaghailtean na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais • Poileasaidh Innse Poblach a' Choimisein
-------------------	--

11 ÙR-FHIOSRACHADH COMATAIDH GHEARANAN BARANTACHD CÀILEACHD

(a) Ùr-fhiosrachadh bhon Chathraiche

Thug Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill seachad fiosrachadh às ùr don Bhòrd mu choinneamh Comataidh Ghearanan Barantas Càileachd a ghabh àite air 5 Dàmhair 2016.

(b) Aonta do Dhreach Geàrr-chunntas bho 5 Dàmhair 2016

Thuirt an Neach-gairm gu bheil gearan a thugadh gu aire nach eil a' nochdadh ann an staitistigean nan gearanan. Tha aig an Neach-gairm ri fiosrachadh mionaideach a sholarachadh don Cheannard Riaghlaidh airson coimhead ris a' chùis.

Co-dhùnadh	Tha aig an Neach-gairm ri tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh don Cheannard Riaghlaidh mu gearan a thugadh gu aire agus a tha e a' creidsinn nach eil air a ghabhail a-steach do na staitistigean gearanan.
-------------------	--

12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

8 Gearran 2017 aig 10.15m ann an taigh a' Ghlinne Mhòir.

13 GNOTHAICH DEATAMACH SAM BITH

Chomhairlich an Coimiseanair MacIllinnein gun robh e a' leigeil às a dhleastanas mar neach-labhairt mheadhanan. Chaidh aontachadh gum biodh an t-Àrd-oifigear na neach-labhairt don Choimisean gus an ath choinneamh Bùird nuair as urrainn an suidheachadh a dheasbad gu foirmeil.

Dh'iarr an Coimiseanair MacIllinnein gum bi artaigilean a nochd sna pàipearan naidheachd às dèidh na coinneimh ann am Brùra san t-Sultain, air an gabhail a-steach don chlàr-obrach airson na h-ath choinneimh den Bhòrd.

Dh'fhaighnich an Coimiseanair Dennis cuin a bha an dà Choimiseanair ùr gu bhith air an ainmeachadh. Thuirt Iar-Stiùiriche an Riaghaltais gun tèid an ainmeachadh sa Bhliadhna Ùr.

Dh'iarr an Coimiseanair Caimbeul Gnàth-Riaghailt 10.3 a dheasbad agus tha am pròiseas air aontachadh mar a bhios cùisean air an deasbad fo earrannan poblach no prìobhaideach den chlàr-obrach. Mhol Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill gum bi na Gnàth-Riaghailtean uile air an ath-sgrùdadh agus gun tèid pàipear a thoirt gun ath choinneamh Bùird.

Dh'aontaich Neach-lagha a' Choimisein nach eil na Gnàth-Riaghailtean a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air mar a thathar ag aontachadh gu bheilear a' co-dhùnadh gu bheil cùisean 'frionasach'.

Dh'fhaighnich an Neach-gairm cò bha airson deasbad air Nithean 3 agus 4 gu poblach no gu prìobhaideach. Dh'aontaich am Bòrd na nithean a dheasbad gu prìobhaideach.

Co-dhùnadh	An t-Ard-oifigear gu bhith na neach-labhairt mheadhanan don Choimisean gus an ath choinneamh den Bhòrd sa Ghearran 2017 agus a' chùis gu bhith air a gabhail a-steach air a' chlàr-obrach. Gnàth-Riaghailtean rin ath-sgrùdadh agus pàipear ri thoirt gu an ath choinneamh den Bhòrd.
-------------------	--

14 TOIRMEASG NA MEADHANAN 'S AM POBALL

Thug an t-Iar Neach-gairm taing do na h-uile airson a bhith an làthair agus thàinig a' choinneamh gu crìch aig 15:50f.